



Teisteanais  
Nàiseanta  
2024

---

**2024 Gàidhlig**

**Sgrùdadh**

**Advanced Higher**

**Question Paper Finalised Marking Instructions**

© Scottish Qualifications Authority 2024

These marking instructions have been prepared by examination teams for use by SQA appointed markers when marking external course assessments.

The information in this document may be reproduced in support of SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is reproduced, SQA must be clearly acknowledged as the source. If it is to be reproduced for any other purpose, written permission must be obtained from [permissions@sqa.org.uk](mailto:permissions@sqa.org.uk).



## General marking principles for Advanced Higher Gàidhlig: Practical Criticism

*This information is provided to help you understand the general principles you must apply when marking candidate responses to questions in this paper. These principles must be read in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidate responses.*

- (a) Marks for each candidate response must **always** be assigned in line with these general marking principles and the detailed marking instructions for this assessment.
- (b) Marking should always be positive. This means that, for each candidate response, marks are accumulated for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding: they are not deducted from a maximum on the basis of errors or omissions.
- (c) If a specific candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.
- (d) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation. Where a candidate merely re-writes sections of the text with no supporting analysis or comment, no marks should be awarded.
- (e) Other answers can be accepted than those in the marking Instructions as long as they are relevant and appropriate. We use the term ‘No freagairt sam bith eile a tha ionchaidh’ to allow for the possible variation in candidate responses. Credit should be given according to the accuracy and relevance of candidate’s answers.
- (f)
  - (i) For questions that ask candidates to ‘**Minich...**’ or ask ‘**ciamar...**’, candidates must relate cause and effect and/or make relationships between things clear.
  - (ii) For questions that ask candidates to ‘**Seall mar a tha...**’, candidates must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques, and so on.
  - (iii) For questions that ask candidates ‘**Carson, nad bheachd...**’, candidates must make a personal judgement based on the text and task.

The following notes are offered to support markers in making judgements on candidates’ evidence.

## Stiùiridhean Comharrachaidh

### Teacsa 1 – Ficsean: Bàrdachd

Ceist		Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1.		<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha a' chiad loidhne air a sgaradh bhon chòrr agus tha seo a' toirt seantans soilleir a tha a' stèidheachadh an t-suidheachaidh a' toirt co-theacsa eachdraidheil.</li> <li>Tha 'mise' a' sealltainn cuideigin a tha 's dòcha caraid no clann an nurs fhèin a tha a' toirt seann nurs air ais dha na Hearadh far an robh i ag obair. Tha e mar gu bheil e a' stèidheachadh na tha a' tachairt agus a' glacadh aire.</li> <li>Tha cromagan tùrrach air an cleachdadh gus sealltainn gur e am bàrd fhèin a tha a' bruidhinn agus ag innse don nurs gun robh i san àite seo oir tha i air diochuimhnicheadh le aois/seargadh inntinn.</li> <li>Tha an 'latha fliuch' a' cur ris an dealbh a tha aig an leughadair air an tachartas agus a' toirt air an t-suidheachadh a bhith nas fìor le bhith a' toirt iomradh air an t-sìde.</li> <li>Tha 'sibh' a' sealltainn gu bheil an nurs a-nis nas sìne agus gum buin am bàrd do ghinealach eile - tha seo air a dhaingneachadh le 'o chionn bhliadhnachan'.</li> </ul>	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
2.	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha 'na clachan ag èirigh... à cuan' mar ìomhaigheachd airson cùimhne na caillich a' tilleadh.</li> <li>• Tha an 'cuan glas' a' sealltainn gu bheil a cuimhne fhathast mì-chinnteach ach gu bheil criomagan dheth a' fàs soilleir.</li> <li>• Tha ìomhaigheachd de dhathan 'an rathad geal' is bòidhchead nàdair 'na h-eòin a' seinn' nam meataforan airson cho toilichte 's a bha i anns na làithean sin/mar a bha na làithean sin neoichiontach.</li> <li>• Tha 'na rathaidhean seo' - a' riochdachadh freumhan agus sligheanan diofraichte a cuimhne/gum biodh i a' siubhal fad is farsaing, tè a bha trang is dìcheallach.</li> <li>• Tha 'Tha deagh chuimhn' a' sealltainn gu bheil cuid de na cuimhneachain aice soilleir agus gun urrainn dhi greimeachdh orra.</li> <li>• Tha am facal "Ach" a' sealltainn cianalas airson na seann làithean agus mar a bha a beatha cho sona aig an àm sin.</li> <li>• Tha am facal 'cho' ann an "'s mi cho òg' air a chleachdadh gus sealltainn na bliadhnachan a tha air a dhol seachad - tha e doirbh dhi creidsinn/greimeachadh air mar a tha an ùine air a dhol seachad.</li> </ul>	3	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist		Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
3.		<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha e a' feuchainn ri sealltainn a' bhuidh a tha aig seargadh-inntinn agus/no aois air daoine - tha mar a tha an nurs a' faicinn agus a' bruidhinn ris na daoine san taigh ga cuideachadh ri bhith toirt a cuimhne air ais.</li> <li>Tha e a' feuchainn ri sealltainn mar a tha am beatha aig an t-seann nurs agus na daoine eile air atharrachadh - tha an gille air fàs gu bhith na inbheach, tha an nurs air fàs aosda agus tha i air a cuimhne a chall agus tha a' chailleach a bha òg 'o chionn bliadhnachan' a-nis sean agus a' call a cuimhne cuideachd, “Tha seòrsa de chuimhn' 'am ort, seòrsa de chuimhne”.</li> <li>Tha e a' sealltainn a' bhuidh no dileab an nurs - b' ise a thug leanabh na cailliche don t-saoghal agus tha e fhathast ann dhi/Tha gach ginealach an eisimeil air a chèile tha a' chailleach an eisimeil air a gille airson a cumail blàth agus 's i an nurs a thug an leanabh sin a-steach don t-saoghal.</li> </ul>	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a'sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist		Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
4.		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha ath-aithris air 'o chionn bhliadhnachan' a' daingneachadh a-rithist mar a tha tìde air a dhol seachad agus mar a tha an nurs agus a' chailleach agus cuideachd an leanabh a tha a-nis na dhuine air fàs suas agus air fàs nas sine.</li> <li>• Tha an ath-aithris den dath 'geal' a' neartachadh a-rithist an ceangal ris na seann làithean nuair a bha an nurs agus a h-uile duine eile òg/far nach robh aois air buaidh a thoirt orra.</li> <li>• Tha ath-aithris 'tha seòrsa de chuimhne' a' daingneachadh gu bheil aois air buaidh a thoirt air a' chailleach / tha e a' sealltainn mar a tha a' chailleach 's dòcha a' fulang le seargadh-inntinn agus chan eil i buileach cinnteach mu co th' anns an nurs.</li> <li>• Tha an iomradh air 'esan' ann an loidhne 11 a' sealltainn mar a tha 'an leanabh' a-nis a' cuideachadh a mhàthair oir 's dòcha nach eil i comasach rudan mar teine a dhèanamh.</li> <li>• Tha loidhne 9 na sheantans ann an loidhne a' neartachadh an caractar den chailleach seo a tha mar cheangal ris na seann làithean.</li> <li>• Tha 'Stad sinn' aig toiseach an rann, mar chomharra dhan leughadair gu bheil an sgrùdadh cuimhne seo a' cùimseachadh air tachartas àraidh/ga dhaingneachadh.</li> <li>• Tha am puingeachadh aig deireadh gach loidhne a' sealltainn mar a tha na criomagan cuimhne a' tighinn air ais thuice, beag air bheag, ach gu soilleir.</li> </ul>	3	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a'sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
5.	<p><b>Eisimpleirean:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an t-uisge 'a' dòrtadh' agus 'a' drùdhadh' oirre - meataforan airson sealltainn gu bheil i air ais san latha an-diugh/tha an t-uisge fhathast ann ach tha na meòmhàirean/cuimhneachain air a thighinn air ais thuice/ga dùsgadh bho na cuimhneachain aice air na seann làithean/a' cnuasachadh air an latha.</li> <li>• Gu bheil an t-uisge a' riochdachadh doilleireachd a h-inntinn/cuimhne is gu bheil am 'flashback' sin a-nis air crìonadh is an t-uisge a' gabhail thairis a-rithist. Tha an t-uisge air tilleadh agus leis a sin, seargadh-inntinn na caillich.</li> <li>• Tha am baidhsagal fhathast ann (a cuimhne) ach meirgeach a-nis - chan eil e cho làidir/faisg air a bhith gun fheum b' àbhaist dhi a bhith a' dol mun cuairt na sgìre airson daoine fhaicinn ach a-nis chan eil an aon chomais aice seo a dhèanamh leis an aois air tighinn oirre.</li> <li>• Tha gu bheil am baidhsagal a' meirgeadh a' sealltainn ùine fhada a' dol seachad/rudeigin air a dhol a fheum/cuimhneachan air an call ach fhathast ann gu ìre/tha an ìomhaigh den bhaidhsagal a tha a-nis meirgeach a' daingneachadh mar a tha na bliadhnachan air a dhol seachad taca ris an iomradh air ann an rann 2, tha i air fàs sean agus tha tìde air a dhol seachad.</li> <li>• Tha a h-aodann fhèin na h-òige a' sealltainn gu bheil a làn cùimhne air an àm a chaidh a-nis air tilleadh - 'aodann boireannaich òig'.</li> <li>• Tha 'aodann boireannach òig' anns an lòn na ìomhaigh tiamhaidh aig an deireadh ach cuideachd na cuimhne air na làithean geala nuair a bha i òg.</li> <li>• Tha an samhla 'ur n-aodann cho geal ri gruth' a' daingneachadh aois agus mar a tha i air fàs fuar - eadar-dhealaichte bhon gheal aig an toiseach far an robh e a' riochdachadh neoichiontas agus toileachas.</li> </ul>	3	<p>Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a'sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.</p> <p>Bu chòir do fhreagairtean a bhith a' toirt iomradh air èifeachdas a thaobh sgil-sgrìobhaidh/eisimpleir air a bheilear a' togail agus feumar ceangal/iomradh a thoirt air rannan eile a thàinig roimhe.</p>

Ceist		Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
6.		<p>Eisimpleirean fhreagairtean:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha am pìos a' togail air tè a bha cliùteach agus cudromach san sgìre 'anns an tug sibh leanabh' agus a' toirt oirnn smaoineachadh air mar a tha seann daoine coltach ris an tè seo nam pàirt de dh'eachdraidh nan coimhearsnachdan againn.</li> <li>• Tha e a' toirt oirnn smaoineachadh air ceangal teaghlaichean is mar a chuidicheas aon ghinealach ginealach eile me, a' toirt na seann nurs air cuairt dhan na Hearadh / Am balach a' cuideachadh na caillich le bhith lasadh an teine gach là.</li> <li>• Tha an dàn a' soillearachadh a' bhuaidh a tha aig seargadh-inntinn air neach agus a' toirt oirnn smaoineachadh air mar a chuidicheas sinn neach air a bheil seo- mar eisimpleir tha cuimhne na caillich air a brosnachadh le bhith a' dol air ais gu àite a h-òige ('s na clachan ag èirigh mar gum b' ann à cuan glas).</li> </ul>	2	<p>Tha còir aig oileanaich eòlas air an t-suidheachadh air a chòmhdachadh sa bhàrdachd a shealltainn le fianais a' toirt taic dhan fhreagairt.</p> <p>Feum air dà bheachd.</p>

## Teacsa 2 – Neo-fhicsean: Rosg

Ceist			Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
7.			<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha deugairean nas buailtiche a bhith a' feuchainn rudan ùra agus a bhith a' gabhail ri cleachdaidhean diofraichte no ùra/Tha iad ag iarraidh a bhith diofraichte bho am pàrantan/sean-phàrantan</li> <li>Tha dòigh smaoinichidh nan deugairean gu math diofraichte bho dhaoine nas aosda, mar seanmhair an sgrìobhadair, nach tuig carson a bhios daoine a' seachnadh cuid dhe bhiadh, mar eisimpleir iasg (rud a tha nas daoire)</li> </ul>	2	
8.			<ul style="list-style-type: none"> <li>A rèir an sgrìobhadair, 'bha biadh fhathast gann' is mar sin cha robh an saorsa aca an rud a thogradh dhaibh ithe/Bha daoine 'fhathast an eisimeil raiseanadh' is mar sin bha cuideigin ag innse dhaibh dè na bha cead aca ithe co-dhiù, is cha chuireadh iad fàilte air tuilleadh riaghailtean</li> </ul>	1	

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
9.	<ul style="list-style-type: none"> <li>• ‘freumhan a’ ghluasad seo a’ fàs’ - tha am meatafor seo a’ sealltainn rud a tha beò nàdarra a tha a’ sgaoileadh fad ’s farsaing</li> <li>• ‘pòlaichean a leaghadh ’s coilltean nan smal’ - tha na h-ìomhaighean seo mar iomsgarradh soilleir air a’ bhuidh fharsaing a tha blàthachadh na cruinne agus mac an duine a’ dèanamh air an àrainneachd</li> <li>• ‘saoghal nàdarra air a dochann’ - pearsachadh/meatafor a’ sealltainn gur e rud beò a dh’fheumas cùram agus àrach an àite an sgrìos agus an droch làimhseachadh a tha sinn a’ dèanamh oirre</li> <li>• ‘a’ bhuille chruaidh’ - taghadh-facail a tha a’ cur ris a’ phearsachadh gu bheil sinn a’ toirt ionnsaigh air a’ phlanaid again ‘gan àrach agus gam marbhadh agus gan ithe’ - tha an taghadh-facail le sreath ghnìomhairean a’ sealltainn gur e pròiseas cabhagach air crios-giulain a th’ ann gus daoine a shàsachadh</li> </ul>	3	Ann a bhith a’ ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a’ sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a’sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
10.	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha e ag aideachadh gun robh feòil na pàirt de dhaidheat an t-sluaigh 'chan eil mi idir a' dol a dh'argamaid...' ach, tha e a' cumail a-mach nach robh daoine ag ithe feòil anns an dòigh sam bidh sinn san latha an-diugh 's e an fhìrinn nach robh sinn ag ithe uimhir'</li> <li>• Tha e a' coimhead air dà thaobh na h-argamaid, m.e. air na seòrsaichean bìdhe a bha aig daoine - feòil agus bainne ach gum b' e buntàta agus brochan bun-stèidh dathead an t-sluaigh agus gum b' iad sin gan cumail a' dol 'connadh'</li> <li>• tha e mothachail gun robh feòil agus bainne aig daoine ach tha e a' dèanamh puing gun robh tuigse aig na daoine seo agus ceangal ris an àrach 'mothachail air cò às an tàinig iad'</li> <li>• Tha e a' toirt dhuinn dealbh air suidheachadh eachdraidheil far an robh daoine ag ithe feòil agus eile gu ìre bheag ach ann an dòigh a bha seasmhach agus gu faodadh sinn barrachd a dhèanamh mar seo sinn fhìn an latha an-diugh</li> </ul>	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a'sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist		Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
11.		<p>Tha e a' sealltainn gu bheil struth a' phìos a' tionndadh le taghadh-facail 'Ach' is gu bheil briseadh-dùil ri thighinn</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha e a' cleachdadh seantans goirid làidir aig toiseach a' pharagraf airson tònna gu math dìreach is onorach a chruthachadh airson bruidhinn ris an leughadair 'Ach, bhris sinn an ceangal sin'</li> <li>• Tha e a' sealltainn gu bheil struth a' phìos a' tionndadh le taghadh-facail 'Ach' is gu bheil briseadh-dùil ri thighinn</li> <li>• Tha e a' cleachdadh tònna geur airson beachd a thoirt seachad air cho aineolach 's a tha sinn a thaobh mar a thathar ag àrach bheathaichean, gus an smaoinich an leughadair orra fhèin is mar a tha iad fhèin ciontach 'brùidealachd an taigh-spadaidh'</li> <li>• Tha e a' cleachdadh taghadh-facail mar 'stuth' airson sealltainn cho mì-chùramach 's a tha sinn is gum bi sinn air ar nàrachadh</li> <li>• Tha e a' cleachdadh ceistean reatoraigeach airson dearbhadh cho aineolach 's a tha sinn, gus am bi co-fhaireachdainn againn airson nam beathaichean seo '...sa bheil cearcan glaiste?'</li> <li>• Tha e a' cruthachadh tònna caran dubhach le faclan mar 'sgrios' gus am bi an leughadair a' faicinn is a' faireachdainn ciont mun bhuidhe a th' aig na cleachdaidhean againn air beathaichean is an t-saoghal</li> </ul>	3	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a'sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist	Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
12.	<p>Tha e a' cleachdadh roimhearan pearsanta gu tric sa pharagraf seo mar 'againn' airson sealltainn gu bheil na rudan air an tug e iomradh san artaigil a' bualadh oirnn uile, agus gu bheil e an urra rinne rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn</p> <p>Tha e a' dèanamh iomradh air na tubaistean nàdair a-rithist a tha a' tachairt/a' dol a thachairt airson daingneachadh a' bhuidhneachadh a bhios air a' phlanaid ma chumas sinn oirnn mar a tha sinn 'lochan a' tràghadh'</p> <p>Tha e a' cleachdadh taghadh-facail 'chàise no burgairean' gus sealltainn cho fèineil 's a tha cuid againn, roimhe seo bha e a-mach air mar a tha sinn a' gabhail brath air beathaichean, is gur e rudan cho suarach a th' annta an taca ris a' bhuidhneachadh a tha iad a' toirt air an t-saoghal</p> <p>Tha e a' cruthachadh faireachdainn eagail le a bhith a' bruidhinn mu na trioblaidean a tha air faire 'sgàil mhòr dhubh' agus 'an stoirm mhòr a tha air faire', gus cur an cèill gu bheil an saoghal nàdarra ann an staid èiginneach</p> <p>Tha e a' cleachdadh fhaclan buaidhmhor mar 'lèirsgrìos' airson sealltainn gur e seo an cothrom mu dheireadh a th' againn cùisean a chur ceart, mar gum biodh a' bagairt oirnn gun tachair seo mura atharraich sinn na cleachdaidhean againn</p> <p>Tha guth an sgrìobhadair a' tighinn troimhe mar chuideigin a tha a' feuchainn ri coimhead air adhart ri na tha ri thighinn 'Cò againn a bhiodh deònach seasamh air beulaibh ar sliochd fhèin', a' ceangal nan argamaidean a rinn e roimhe is a' bruidhinn as leth nan daoine a bhios a' fulang nan droch thaghaidhean againne</p>	3	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a'sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist		Fregairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
13.		<p>tha e a' toirt air an leughadair smaoinneachd mu na rabhaidhean a bha anns an artaigil roimhe agus an gnìomh a tha againn ri dhèanamh agus mar a bheir na taghaidhean againne an-dràsta buaidh air daoine anns an àm ri teachd</p> <p>a dh'aindheoin suidheachadh a tha cho èiginneach tha an sgrìobhadair den bheachd gu bheil cothrom againn cùisean a chur ceart gus am bi saoghal seasmhach air fhàgail às ar dèidh</p>	1	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a'sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

[CRÌOCH STIÙIREADH CEARTACHAIDH]